

*Tha an earrann a chluinneas tu air a toirt às an leabhar ‘Thugam agus Bhuam’ le Criosaidh Dick.*

### Pàirt 1

Tha mi a’ smaoinichadh gur e Barcelona, an dàrna baile as motha anns an Spàinn, am baile as fheàrr leam de bhailtean mòra na Roinn Eòrpa air fad. Tha an t-sìde math, tha am biadh blasta, tha na daoine laghach agus tha mòran rudan annasach rim faicinn ann.

’S e Barcelona prìomh bhaile Chatalonia, fear de roinnean na Spàinne aig a bheil beagan de fhèin-riaghlaidh. Tha muinntir Chatalonia gam faicinn fhèin eadar-dhealaichte on chòrr dhen Spàinn. Coltach rinn fhèin aig a bheil a’ Ghàidhlig, tha mion-chànan aca cuideachd – Catalan – agus gheibh iad foghlam tro mheadhan na cànan sin aig ìre oilthigh.

### Pàirt 2

Tha ùidh mhòr aig muinntir Bharcelona anns na h-ealain, eadar litreachas is peantadh is an còrr. Tha mòran de sheann togalaichean tro na linntean rim faicinn air feadh Chatalonia ach ’s ann am Barcelona a tha a’ mhòr-chuid de dh’obair ealain an latha an-diugh.

Tha meas mòr air Christopher Columbus, am fear a lorg Ameireaga, ann am Barcelona. Ged a chanadh a’ mhòr-chuid gur ann anns an Eadailt a rugadh e, tha traidisean làidir ann am Barcelona gur e Catalanach a bh’ ann. Co-dhiù, ’s ann gu Barcelona a thàinig e an toiseach a dh’innse gun robh e air Ameireaga a lorg ann an 1492. Tha samhail de Santa Maria, am bàta air an do sheòl Columbus a dh’Ameireaga, na laighe air acair anns a’ phort.

### Pàirt 3

’S e na *Ramblas* an t-ainm a th’ air an t-sràid as ainmeile anns a’ bhaile. Tha i a’ tòiseachadh air ceàrnag mhòr fharsaing aig a’ mhullach agus a’ dol chun a’ phuirt ri taobh na Mara Meadhan-Thìrich. Tha a h-uile seòrsa bùth sna *Ramblas*. Tha stàilichean daithteach am meadhan nan sràidean a’ reic chairtean is leabhraichean, flùraichean is eòin ann an cèiseachan agus iasg tropaigeach. Tha cluicheadairean ann cuideachd a bhios a’ tàladh luchd-turais le gach seòrsa cleas. Agus mura bheil sin gu lèor ri fhaicinn ann am Barcelona, dè mu dheidhinn pàirce sgioba ball-coise Bharcelona far a bheil àite-suidhe airson ceud ’s fichead mìle neach-amhairc.

*Tha an earrann atharraichte.*